



Fèisean nan Gàidheal
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean

Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.

Poileasaidh: Luchd-obrach nan Aonar

Tha am poileasaidh seo na phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidhean Co-cheangailte: Slàinte & Sàbhailteachd, Àrainneachd na h-Oifise: Measadh Cunnairt DSE, Siubhal & Fònaichean Làimhe, Poileasaidh Làimhseachaidh, Dèiligeadh ri Uallach-inntinn, Àrainneachd, Dìon Chloinne, Dìon Fiosrachaidh, Làimhseachadh Cunnairt, Trèanadh & Leasachadh airson Luchd-obrach, Leabhran an Luchd-obrach, Poileasaidh airson Cleachdadh FT gu h-Iomchaidh, Co-ionannachd Chothroman, Poileasaidh So-ruigsinneachd

Adhbhar a' Phoileasaidh: Gus dèanamh cinnteach gun tèid siùil slàinte is sàbhailteachd a chur an sàs le luchd-obrach a tha ag obair nan aonar, nan dachaighean fhèin, a' dràibheadh, no a' tadhal air daoine ris am bi a' dèiligeadh. Cuideachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil cunnradairean a tha ag obair do dh'Fhèisean nan Gàidheal a' cur an sàs ceumannan smachdachaidh a nì cinnteach gu bheil iad slàn, sàbhailte.

Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh: A' toirt iomradh air ceumannan a bharrachd a ghabhas luchd-obrach nan aonar a thuilleadh air na poileasaidhean coitcheann.

Chaidh am poileasaidh a dhealbh le: Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 01 An Gearran 2010.

Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha): 18 An Gearran 2010.

Sgrùdadh mu dheireadh (ceann-latha): An Gearran 2013

Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha): Sa Ghearran 2014.

Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.

Fèisean nan Gàidheal Poileasaidh airson Luchd-obrach nan Aonar

Tha “buidheann” a’ ciallachadh Fèisean nan Gàidheal air feadh na sgrìobhainne seo.

Thathar a’ tuigsinn gum bi luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal gu tric san t-suidheachadh far am bi iad ag obair nan aonar, co-dhiù a rèir an toil fhèin no ri linn mar a thèid an suidheachadh ann an oifis, no tron obair àbhaisteach aca le bhith a’ siubhal gu coinneamhan, a’ tadhal air luchd saor-thoileach, msaa, agus sna dachaighean aca fhèin.

Tha dleastanasan aig Fèisean nan Gàidheal a thaobh slàinte, sàbhailteachd agus math an luchd-obrach aca, agus a thaobh slàinte is sàbhailteachd nan daoine air an toir an obair aca buaidh, me, luchd-tadhail, mar chunnradairean agus daoine fèin-fhastachta a gheibh obair aig Fèisean nan Gàidheal. Chan urrainnear na dleastanasan seo fhàgail air daoine a tha ag obair nan aonar. Tha e an urra ris a’ bhuidhinn na cunnartan a thomhas airson luchd-obrach nan aonar agus ceumannan a ghabhail, nuair a dh’fheumar, gus nach bi cunnart ann no gus na cunnartan a smachdachadh.

Tha dleastanasan aig luchd-obrach, agus daoine eile a tha a’ dèanamh obair, cùram reusanta a ghabhail man deidhinn fhèin agus mu dhaoine eile air am faodadh iad fhèin buaidh a thoirt tron obair, agus tha dleastanas aca a’ bhuidheann a chuideachadh le bhith a’ coileanadh nan dleastanasan laghail aice.

‘S iad luchd-obrach nan aonar, daoine a bhios ag obair leotha fhèin gun dlùth-stiùireadh, m.e.:

Daoine ann an suidheachaidhean stèidhichte far:

- nach eil ach aon duine ag obair san togalach, (far a bheil oifis shingilte air a ghabhail air mhàl ann an togalach nas motha, ach chan eil luchd-stiùiridh no co-obrachannan ann le uallach foirmeil airson an neach-obrach nan aonar, no tha iad ag obair bhon taigh).
- a bheil daoine ag obair taobh a-muigh nan uairean àbhaisteach, m.e. luchd-glanaidh, daoine a’ dràibheadh tron obair aca, luchd-gleidhidh/-càraidh agus cunnradairean msaa.
- *Luchd-obrach air chuairt, ag obair air falbh bhon ionad-obrach stèidhichte aca:* m.e. Luchd-leasachaidh nam Fèisean a’ tadhal air muinntir nam Fèisean ann an dachaighean is toglaichean coimeirsealta.

Tha Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair agus Riaghailtean airson Riaghladh Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair a’ buntainn ri gach neach-obrach, às bith an ann an oifis àbhaisteach a tha iad ag obair, ann an carbad, sa choimhearsnachd no àite eile.

An lùib nan riaghailtean seo, feumar cunnartan a chomharrachadh agus a mheasadh nur n-obair, agus feumar ceumannan a chur an sàs gus nach bi cunnart ann no gus am bi na cunnartan fo smachd. Bu chòir manaidsear an neach-obrach no neach-measaidh eile a tha freagarrach seo a dhèanamh ann an co-bhuinn ris an neach-obrach – tha e mar dhleastanas laghail air luchd-fastaidh co-dhiù coludair a dhèanamh le luchd-obrach agus na riochdairean mu chùisean slàinte is sàbhailteachd.

Bu chòir gun cuidich measaidhean cunnairt le bhith ag obrachadh a-mach dè an ìre de stiùireadh bu chòir a bhith ann. Tha cuid a ghnìomhan cunnartach ann far am feum co-dhiù aon duine a bharrachd a bhith an làthair. Nuair a chaidh seo a sgrìobhadh cha robh gin de na laghan sònraichte co-cheangailte ri obair nur n-aonar a’ buntainn ri obair Fèisean nan Gàidheal.

Bu chòir don mhanaidsear/neach-obrach faighneachd:

- An urrainn do dh’aon neach smachd a chumail air na cunnartan an lùib na h-obrach?

Cha bu chòir do luchd-obrach nan aonar a bhith ann am barrachd cunnart na luchd-obrach eile

- A bheil cunnartan sònraichte san àite-obrach?

Bu chòir do cheumannan earalais ealla a ghabhail ri obair àbhaisteach agus cùisean èiginn a dh’fhaodadh tachairt, m.e. teine, uidheam a’ stad a dh’obair, tinneasan, no tubaistean don neach-obrach nan aonar.

- A bheil slighe shàbhailte a-mach is a-steach ann do aon neach? An urrainn do aon duine an acfhainn-ruigsinn shealach a làimhseachadh, me, àraidhean so-ghiùlain no sorchan?
- A bheil cunnart ann gun èirich fòirneart?
- A bheil luchd-obrach òga ann a bhiodh ann am barrachd cunnart ag obair leotha fhèin?
- A bheil boireannaich ann am barrachd cunnart ma tha iad ag obair leotha fhèin?
- A bheil slàinte an neach ceart gu leòr agus a bheil iad freagarrach airson a bhith ag obair leotha fhèin?
- Dè an trèanadh a tha dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil iad comasach air dèiligeadh ri cùisean sàbhailteachd?

Nuair a tha daoine ag obair leotha fhèin, cha bhi iad comasach air a h-uile càil a dhèanamh. Bu chòir do mhanaidsearan dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach comasach air dèiligeadh ri suidheachaidhean ùra, neo-àbhaisteach anns nach d' fhuair iad trèanadh, m.e. nuair a bu chòir dhaibh stad den obair agus comhairle iarraidh air neach-stiùiridh agus ciamar a bu chòir dhaibh dèiligeadh ri ionnsaigh.

Ciamar a bheirear stiùireadh don neach?

Tha e an urra ri Fèisean nan Gàidheal dèanamh cinnteach à slàinte is sàbhailteachd an neach-obrach. Ma tha iad a' faighinn stiùir, faodaidh sin an neach-obrach a chuideachadh le bhith a' tuigsinn nan cunnartan a tha an lùib na h-obrach aca agus le bhith a' cur an sàs nan ceumannan earalais a tha a dhìth. Cuideachd, faodaidh luchd-stiùiridh comhairle a thoirt dhaibh nuair a tha mì-chinnt ann.

Faodar cùisean slàinte is sàbhailteachd a stiùireadh gu math tric nuair a thathar a' cumail sùil air mar a tha obair a' tighinn air adhart agus dè cho math agus a tha i. An lùib seo 's dòcha gun tadhail luchd-stiùiridh air an oifis bho àm gu àm agus gum bruidhinn iad mu chùisean slàinte is sàbhailteachd a thèid a thogail. Bidh Slàinte is Sàbhailteachd a' nochdadh air clàr-gnothaich nan coinneamhan gu cunbhalach.

'S dòcha gum feum cuideigin a bhith còmhla ri luchd-obrach ann an obair ùr, a tha a' faighinn trèanadh, a tha a' dèanamh obair le cunnartan sònraichte, no a tha a' dèiligeadh ri suidheachaidhean ùra an toiseach. Bidh e an urra ri manaidsearan dè an ìre stiùiridh a tha a dhìth, agus an co-dhùnadh seo stèidhichte air buil nam measaidhean cunnairt. Cha bu chòir dha a bhith an urra ri luchd-obrach tighinn gu co-dhùnadh a thaobh dè an taic a tha a dhìth orra.

Feumar ceumannan a chur an sàs gus sùil a chumail air sàbhailteachd luchd-obrach nan aonar.

Nam measg faodaidh:

- luchd-stiùiridh tadhal air luchd-obrach nan aonar bho àm gu àm agus sùil a chumail orra
- conaltradh cunbhalach a bhith ann eadar an neach-obrach agus an luchd-stiùiridh le fòn no rèidio
- sibh dèanamh cinnteach gun do thill an neach-obrach don ionad-obrach aca no don dachaigh aca nuair a tha an obair aca dèante

Dè thachras ma dh'fhàsas an neach-obrach tinn; ma bhios tubaist aca; no ma tha cùis èiginn ann?

Bu chòir gum bi luchd-obrach nan aonar comasach air dèiligeadh ri cùisean èiginn san dòigh cheart. Bu chòir do mheasaidhean cunnairt na rudan a dh'fhaodadh tachairt a chomharrachadh. Bu chòir siùil èiginn a bhith ann agus trèanadh a bhith aig luchd-obrach air an son. Beachdaichibh air seirbheisean tèarainteachd (m.e. Solo Protect/Reliance, Seirbhies 24/7) do luchd-obrach ann an fìor dhroch chunnart.

Bu chòir gum bi goireasan ciad-chobhair iomchaidh aig luchd-obrach nan aonar, agus bu chòir do luchd-obrach a tha air turas acfhainn ciad-chobhair a thoirt leotha airson leòntan beaga. Uaireannan 's dòcha gum mol measadh cunnairt gum bu chòir trèanadh ciad-chobhair a bhith aig luchd-obrach nan aonar. Faodaidh gach neach-obrach trèanadh fhaighinn ann an ciad-chobhair.

Àrachas Uallach Luchd-fastaidh

Fo Achd Àrachais Uallaich (Riatanach) Luchd-fastaidh 1969 (AURL) feumaidh a' mhòr-chuid de luchd-fastaidh àrachas a gabhail airson an luchd-obrach aca a thaobh leòn is tinneasan san àite-obrach. Tha gach neach-obrach aig Fèisean nan Gàidheal air an dìon fo AURL. Bithear a' cur lethbhreac den teisteanas seo do luchd-obrach ann am post-d mar fhiosrachadh.

Tùs: Ag Obair nad Aonar gu Sàbhailte aig an RSS (01/05)

Measadh Cunnairt Gnìomhach

